

Sealladh Pàiste Albannach air Cogadh

As t-samhradh 1939, tha cuimhn' aig Hamish Camshròn, a bha a' fuireach còmhla ri a Mhàthair, Athair agus a phiuthar Elspeth ann an Inbhir Àir, gun robh droch fhaireachdainn ann gun robh cogadh gu bhith ann:

“Bha fiù 's fhios agamsa, 's gun annam ach pàiste, gun robh cogadh gu bhith ann a dh'aindeòin cinn-naidheachd dòchasach anns na pàipearan ... bha masgan-gas air a bhith air a thoirt dhuinn beagan roimhe sin.”

Gluasad Chloinne: Iomairt Pied Piper

B' e fear dhe na co-dhùnaidhean a bu dhrùidhtiche aig riaghaltas Bhreatainn rè an Dàrna Cogaidh a bhith a' gluasad òigridh agus chloinne bho chuid dhe na bailtean ann am Breatainn gus an dìon bho chunnartan bho ionnsaighean boma Gearmailteach. Dh'ullaich pàrantan an cuid chloinne airson an turais fhada dhan dùthaich le bhith gan uidheamachadh le liosta de ghoireasan leithid còta blàth, aodach leapa, bruis-fuilt, plaide agus biadh airson an turais (ged nach robh airgead gu leòr aig a h-uile pàrant gus seo a dhèanamh). Bha gach pàiste a bha air a ghluasad a' faighinn taga le ainm, seòladh, latha-breith agus ainm na sgoile aca. Bha neach-cùraim còmhla ris a' chloinn, mar bu trice an tidsear aca, a shiubhail cuide riutha gu ionad fàilteachais ann am baile ùr.

Chaidh faisg air 170,000 clann-sgoile Albannach a ghluasad bho bhailtean — Ghlaschu, Dhùn Èideann agus Dhùn Dèagh agus bho phuirt cabhlaich leithid Ros Fhiobha agus Bruach Chluaidh, far an robh na gàrraidhean-iarrainn agus na factaraidhean àirneis-chogaidh

an sin, a bha deatamach do dh'iomairt a' chogaidh, nam prìomh thargaidean.

“Cabhaidh mise am fear sin”, Pàrant a bha a' gabhail pàiste a chaidh a ghluasad

Bhiodhte ag iarraidh air feadhainn a bha air nochdadh às ùr gus seasamh ri balla no àrd-ùrlar ann an talla a' bhaile agus bhathar ag iarraidh air daoine a ghabhadh iad an fheadhainn a bha iad ag iarraidh a thaghadh. Bha an abairt, “Cabhaidh mise am fear ud” ann an cuimhne iomadh pàiste. Bha measgachadh de dh'fhaireachdainnean aig cloinn mu bhith air an gluasad: do chuid thug an t-eòlas a fhuair iad togail air am beatha, ach bha cianalas air feadhainn eile. Ann an cuid de shuidheachaidhean, bhathar a' dèiligeadh gu dona leis a' chloinn a chaidh a ghluasad leis an fheadhainn a bha còir a bhith air coimhead às an dèidh.



Clann à Glaschu a' ruigsinn ann an Inbhir Àir

San t-Sultain 1939, tha cuimhne aig Hamish air clann à Glaschu a bha air an gluasad a' ruigsinn Acadamaidh Inbhir Àir:

Chomhead sinn air sreathan fada de chloinn, a bha air a bhith air an gluasad à Glaschu, nan sruth sìos Sràid an Dùin. Bha iad a' coiseachd bhon stèisean rèile gu Acadamaidh Inbhir Àir, a bha na ionad fàilteachais. Bho sin bha a' chlann air an sgaoileadh am measg theaghlaichean ann an Inbhir Àir. Tha cuimhn' agam a bhith air m' uamhasachadh le sealladh na cloinne ud. Bha iad uile a' cumail pasgan, agus, mar a shaoileadh tu masgan-gas, ach bha mòran dhiubh a' coimhead salach dhuinne agus bha coltas orra gun robh iad ann an stiallan. Cha robh sinn beartach agus bhiomaid a' càradh nan geansaidhean agus nam briogaisean-goirid againn, ach b' e seo a' chiad turas a bha mi air fìor bhoichdinn fhaicinn. Bliadhnaichean an dèidh sin fhuair mi fiosrachadh gun robh iad air tighinn bho chuid dhe na slumaichean a bu mhiosa ann an Glaschu far an robh suidheachaidhean far nach tuigeamaid.

Blitz Ghrianaig

Annas a' chunntas aige, tha Hamish cuideachd a' toirt iomradh air na chaidh a theaghlach troimhe ann am Blitz Ghrianaig ann an 1941:

Tha cuimhne agam air a' chiad rabhadh ionnsaigh adhair gu math soilleir oir chaidh ar dùsgadh le mo Sheanmhair agus chaidh iarraidh oirnn na gùnaichean-aodaich againn a chur oirnn agus a dhol sìos an staidhre gu sgiobalta. Bha na solais uile, mar a shaoileadh tu, dheth.

Eadhon ged nach leigeadh na cùirtearan tiugh dubh-dubh solas sam bith a-mach rè an ionnsaigh bha thu gu math faicealach agus cha do chleachd thu ach lòchrain. Shuidh sinn còmhla ris an fheadhainn eile air a' phàirt a b' isle den staidhre, a bha air a mheas mar am pàirt as sàbhailte den taigh oir, aig a' phàirt shònraichte sin, bha dà bhalla air gach taobh, agus sin far an robh mo Sheanmhair agus mo Sheanair bliadhna às deidh sin nuair a chaidh am bomadh, agus 's dòcha gur e sin a shàbhail iad. Shuidh sinn air an staidhre airson grunn uairean a thide, a' mhòr-chuid dhen ùine ann an dorchadas. Chluich sinn geamannan fhacal agus chruthaich sinn suidheachaidhean air dè dhèanamaid air Hitler nam b' urrainn dhuinn. Fiù 's an uairsin, ann an làithean dorcha a' chogaidh, cha robh teagamh sam bith againn airson mionaid gum buannaicheadh. Aon oidhche dhùisg mi agus chaidh mi sìos an staidhre a lorg Mam anns an dorchadas, leis na còmhlaichean dubha a' fosgladh nan seasamh aig uinneag an t-seòmair-suidhe a' coimhead a-mach air an deàrrsadh dhearg anns na speuran. Bha fios agam cho cunnartach 's a bha e seasamh aig uinneig aig àm ionnsaigh gus am biodh fios agam gum feumadh gun robh i fo dhragh. Tha cuimhne agam i a' cur a làmh air mo ghualainn agus ag ràdh "Tha diol-cèirce air choreigin ga fhaighinn gu dona a-nochd." Chunnaic mi an deàrrsadh mòr anns na speuran a bha, mar a fhuair sinn a-mach nas fhaide air adhart, a' losgadh air Grianaig".

An Kindertransport

B' e bha anns an Kindertransport (Gearmailtis airson 'glusad chloinne') ach iomairt a thug taic do 10,000 pàiste, clann Iùdhach anns a' bhith-eantais, gus teicheadh bho riaghaltas Adolf Hitler a bha fo a smachd anns an Roinn Eòrpa.

Thòisich an iomairt dhaonnda seo ann an 1938, mus do thòisich an Dàrna Cogadh, a' toirt clann bho Czechoslovakia, a' Ghearmailt agus bhon Ostair gu comraich anns an RA. Air an 2na dhen Dùbhlachd 1938, nochd a' chiad Kindertransport ann an Harwich, Sasainn – 200 pàiste bho thaigh-cloinne Iùdhach a bha air a bhith air a sgrios rè 'Kristallnacht' (Gearmailtis airson 'Oidhche na Glainne Briste), nuair a thug Nàsaich ionnsaigh air Iùdhaich agus a rinn iad milleadh air togalaichean.



Bha Sir Nicholas Winton nach maireann, a bha na stoc-bhròcair Iùdhach Breatannach, am measg nan laoch aig an t-siubhal, a chuir a bheatha fhèin ann an cunnart ann a bhith a' cur air dòigh gum biodh 669 duine-cloinne a bha gu bhith air an cur gu campaichean-dùmhlachaidh air an sàbhaladh. Chuir e air dòigh gum biodh teaghlaichean dalta ann dhan chloinn Iùdhaich le bhith a' cur shanasan ann am pàipearan. Chaidh aige fiù 's air toirt air oifigearan cusbainn Bhreatainn gabhail ri cloinn aig nach robh an obair-phàipear buileach iomlan. Thug am Morair Dubs, a b' àbhaist a bhith na Bhall-Pàrlamaid agus a bha sia bliadhna a dh'aois nuair a fhuair e air falbh à Czechoslovakia air an trèan Kindertransport (tè de dh'ochd trèanaichean a chaidh thairis air ceithir dùthchannan) air iomradh air a thoirt air Sir Nicholas Winton mar:

"...fhear de na daoine sònraichte sin. 'S e a dhileab, nuair a tha feum ort rudeigin a dhèanamh airson do cho-chreutairean, feumaidh tu dìreach sin a dhèanamh."

Shiubhail cuid de chlann Iùdhach air adhart a Ghlaschu bho Lunnainn air trèana anns a' Chèitean 1939. B' e Henry Wuga fear dhiubh sin, agus tha e ag ràdh gun d' fhuair e deagh aoiheachd bhon tè a bha gus coimhead às a dhèidh, seann bhoireannach Iùdhach. "An taobh a-staigh beagan sheachdainean bha mi san sgoil – Sgoil Phàirc na Banrigh" ann an sgìre Achadh a' Bhlàir ann an Glaschu).

Phàigh a' chlann prìs mhòr airson an saorsa. Tha rannsachadh a rinn Buidheann Fhògarach Iùdhach a' dearbhadh nach fhaca an dàrna leth am pàrantan gu bràth tuilleadh le cuid aca a' call an teaghlaichean gu lèir.

👤 Gnìomhan

- 1 Sgrìobh Leabhar-latha Latha VE mar gur tusa Hamish no a phiuthar Elspeth. Dè rinn iad air Latha VE? A bheil cuimhn' aca air an athair agus am màthair a' dannsa mun chidsin? An do dh'èist iad ri òraid Churchill aig 3f air an rèidio?
- 2 Cò ris a bhiodh e air a bhith coltach a bhith air an Kindertransport? Thoir a' chreids gun robh agad ris an dùthaich agad agus do theaghlach fhàgail 's gun thu ach nad phàiste òg. Sgrìobh litir gu do theaghlach ag innse mun turas agad.
- 3 Dèan agallamh le cuideigin bhon choimhearsnachd agad a bha na phàiste rè an Dàrna Cogaidh. Saoil an robh iadsan air an gluasad aig àm a' chogaidh? Ma bha, saoil càite an deach iad rè an Dàrna Cogaidh? A bheil cuimhn' aca air Blitz Ghrianaig aann an 141? Dè na cuimhneachain as làidire a th' aca mu bhith nam pàiste rè an Dàrna Cogaidh?



📄 Beachdan Leughaidh

Chaidh mòran dhe na leabhraichean as ainmeile a bhrosnachadh le eòlas na cloine a chaidh a ghluasad rè an Dàrna Cogaidh. Bha cuid de dh'ùghdarran, leithid Nina Bawden, (a sgrìobh *Carrie's War*) air an gluasad iad fhèin.

Tha *Paddington Bear* (1958) le Michael Bond mu dhìleachdan a bha air fhaighinn le teaghlach ann an stèisean rèile Paddington ann an Lunnainn. Bha e na shuidhe air a mhàileid agus bha nòta air a chòta a bha ag ràdh: "Coimheadaibh às dèidh a' mhathain seo. Tapadh leibh."

Ann an nobhail ***The Lion, the Witch and the Wardrobe* (1950) le C.S. Lewis** tha clann Pevensie air an gluasad à Lunnainn gus taigh mòr anns a bheil am preasa a tha na shlighe a-steach gu Narnia.

Tha an leabhar ***Lord of the Flies* (1954) le William Golding** mu phlèana làn de chloinn a bhathar a' gluasad a tha air a leagail gu talamh os cionn eilean tropaigeach.

Tha ***Goodnight Mister Tom* le Michelle Magorian** a' cur aire air balach beag, Willie Beech, a tha air a ghluasad chun na dùthcha agus a tha a' fàs nas misneachaile air sgàth a' chùraim a tha e a' faighinn bho sheann Mister Tom.